

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



PLEASE SCROLL DOWN FOR ENGLISH VERSION

Faodar a sgaoileadh sa bhad

14/10/2013

Goireas ùr do Phàrantan

Dh'fhoillsich Bòrd na Gàidhlig an naidheachd an-diugh gu bheil iad gu bhith sgaoileadh goireas foghlam Gàidhlig ùr do phàrantan.

Tha am pasgan fiosrachaidh, leis an ainm 'Fios is Freagairt', a' toirt goireas fuaimne is lèirsinne do dhaoine le ùidh ann am foghlam Gàidhlig, bho na tràth-bhliadhnaichean gu ìre na h-àrd-sgoile. Tha am pasgan a' toirt fiosrachadh mu fhoghlam Gàidhlig do phàrantan agus daoine eile aig a bheil ùidh ann am foghlam Gàidhlig, a' gabhail a-staigh daoine le ùidh ann an teagasg, agus gheibhear freagairt airson ceistean bitheanta.

Thuir Cathraiche Bòrd na Gàidhlig, Iain Caimbeul: "Aon de na roghainnean as cudromaiche a nì sinn, 's e sin dè am foghlam a gheibh ar cuid chloinne. Agus an lùib sin, tha roghainn eile a tha fìor chudromach, dè an cànan san tèid ar clann oideachadh. Tha foghlam tron Ghàidhlig fosgailte don a h-uile duine, chan eil e gu diofar ma tha gus nach eil Gàidhlig agaibh. Ged a tha barrachd eòlais aig pàrantan a-nis air foghlam tron Ghàidhlig, agus barrachd ùidh aig daoine ann, feumaidh sinn fhathast cumail oirnn a' toirt fios do dhaoine mu gach ìre de dh'fhoghlam Gàidhlig. Tha sinn an dòchas gum faigh pàrantan, daoine òga agus tidsearan fiosrachadh feumail ann am 'Fios is Freagairt' agus gun seall e dhaibh na buannachdan a gheibhear bho fhoghlam tron Ghàidhlig."

Thuir am Ministear airson Cànanan na h-Alba, Dr Alasdair Allan: "Tha an t-iarrrtas airson foghlam tron Ghàidhlig a' sìor dhol am meud air feadh Alba agus pàrantan a' mothachadh dha mar a gheibh an cuid chloinne buannachd mhòr às. Dh'fhoillsich mi an naidheachd Dihaoine gu bheil sinn a' toirt seachad £21,000 mu choinneamh nam pasgan seo a bheir barrachd fiosrachaidh do phàrantan, agus a chuidicheas teaghlaichean aig nach eil an cànan gus barrachd Gàidhlig a chleachdadh nan dachaighean."

"Thathar ri oidhirpean feuch an seas a' Ghàidhlig san ùine ri thighinn agus sinn a' brosnachadh ginealach ùr gu bhith bruidhinn a' chànain, agus tha goireasan ioma-

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



mheadhain mar seo, a tha furasta an cleachdadh, a' ciallachadh gum bi cothrom aig barrachd is barrachd dhaoine air a' chànan."

An cois nam pasgan ioma-dhathte seo, tha DVDan ùra mu na buannachdan bho dà-chànanas, bileagan le fios mu na goireasan a gheibhear ann am foghlam tron Ghàidhlig, agus fiosrachadh conaltraidh airson buidhnean a dh'fhaodadh daoine a chuideachadh aig gach ìre de dh'fhoghlam tron Ghàidhlig.

Thèid na pasgain a sgaoileadh ann an sgìre gach Ùghdarras Ionadail a tha tabhann foghlam Gàidhlig an-dràsta, tron Sgeama Comhairleachaidh Phàrant aig Comann nam Pàrant agus le oifigearan foghlaim a' Bhùird. Le taic bho Riaghaltas na h-Alba, cuidichidh Bòrd na Gàidhlig le bhith sgaoileadh 10,000 pasgan air feadh na dùthcha.

CRÌOCH

Airson tuilleadh fiosrachaidh mun bhrath-naidheachd seo, cuiribh fios gu Steven MacIomhair, am Manaidsear Corporra is Conaltraidh aig Bòrd na Gàidhlig, aig steven@gaidhlig.org.uk no air 07557 481 081.

FIOSRACHADH DO LUCHD-DEASACHAIDH:

An cois nam pasgan tha:

- 2 x DVD - Buannachdan bho Dà-chànanas
- 1 x CD - eisimpleirean de rannan cloinne Gàidhlig
- 1 x leabhran fiosrachaidh
- 1 x bileag le fios mu goireasan Gàidhlig
- 1 x bileag le fios mu na buannachdan bho dà-chànanas
- 1 x cairt fiosrachaidh
- 1 x bileag le fios mu gach ìre de dh'fhoghlam Gàidhlig
- 1 x bileag le fios mu na slighean ionnsachaidh airson tidsearan Gàidhlig

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



14/10/2013

New Resource for Parents

Bòrd na Gàidhlig today announced the release of a new Gaelic education resource for parents.

The information pack, titled *Fios is Freagairt (Information and Answers)*, provides an audio and visual resource for people with an interest in accessing Gaelic education from the early years to the high school sector. The pack gives parents and other interested parties, including prospective teachers, an insight into Gaelic education and answers frequently asked questions.

Bòrd na Gàidhlig Cathraiche (Chair), Iain Campbell said: "The choices you make regarding your child's education is one of the most important that parents have to make. One of the most crucial decisions is the language you choose to educate your child in. Gaelic-medium education is open to everyone, whether you are from a Gaelic speaking background or not. Although parental knowledge of, and interest in, Gaelic medium education is growing there is still a need to inform people about Gaelic education at all stages. We hope that the *Fios is Freagairt* packs will help inform parents, young people and teachers in highlighting the significant benefits of Gaelic medium education."

Minister for Scotland's Language's, Dr Alasdair Allan said: "The demand for Gaelic-medium education continues to grow across Scotland with parents recognising how much of an advantage it gives children. On Friday I announced £21,000 towards these packs allow parents to find out more, but also provide help for them to incorporate Gaelic more into home life for those families that don't have a background in the language.

A sustainable future for Gaelic is being built on encouraging a new generation of speakers and easy to use, multi-media resources like this are making it so much more accessible to a much wider audience."

Included in the highly colourful packs are new DVDs about the benefits of bilingualism, leaflets about resources available in Gaelic-medium education and contacts to organisations and groups that can provide support for each stage of Gaelic education.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



The packs will be distributed through all Local Authorities currently offering Gaelic education, through Comann nam Pàrant's Parental Advisory System and from the Bòrd's own education officers. With support from the Scottish Government, Bòrd na Gàidhlig will help distribute 10,000 copies of the packs nationwide.

ENDS

For more information about the content of this press release, contact Steven MacIver, Corporate and Communications Manager at Bòrd na Gàidhlig, by e-mailing steven@gaidhlig.org.uk or by phoning 07557 481 081.

NOTES TO EDITORS:

Included in the packs are:

- 2 x DVDs – Benefits of Bilingualism*
- 1 x CD – example of Gaelic nursery rhymes*
- 1 x information booklet*
- 1 x Gaelic resource flyer*
- 1 x Benefits of bilingualism flyer*
- 1 x information card*
- 1 x Gaelic education transition stages sheet*
- 1 x Routes to Gaelic teaching information sheet.*